



Na bòtannan mòra



Lynne Burgess • Anne Parsons

Na bòtannan mòra



Na bòtannan mòra

An teacsà Lynne Burgess
Na dealbhan Anne Parsons
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Bha Anna agus Dòmhnull air cuairt sgoile.
'S ann gu tuathanas a bha iad a' dol.
"Chì sinn na beathaichean uile,"
arsa Dòmhnull.

2



Nuair a ràinig iad an tuathanas,
thuirt an tidsear, "Cuiribh oirbh ur
bòtannan a-nis."
"Chan eil mo bhòtannan agam,"
arsa Dòmhnull. "Dè nì mi?"
"Siud bòtannan dhut," thuirt an tuathanach.

3



Chuir Dòmhnull air na bòtannan.
“Seall Anna,” thuirt e.
“Tha na bòtannan agamsa nas mothà
na tha na bòtannan agadsa.”



Dh’fhalbh Anna a choimhead air na clearcan.
“Bheil sibh airson gràn a thoirt
dha na clearcan?” ars an tidsear.
“Tha mise!” arsa Dòmhnull.



Dh'fheuch Dòmhnaill ri ruith chun an
tidseir ach thuit e.

“Chan urrainn dhomh ruith,” thuirt e.
“Tha mo bhòtannan ro mhòr.”



“Tugainnibh gus am faic sibh na gobhair,”
thuirt an tidsear. Ruith Anna chun an t-seada.
“Tha mise airson na gobhair fhaicinn,”
thuirt i.



Dh'fheuch Dòmhnaill ri cumail suas ri Anna ach
cha b' urrainn dha ruith le na bòtannan mòra.
“Cha toil leam na bòtannan seo,” thuirt e.



“Tugainnibh gus am faic sibh an t-each,”
thuirt an tidsear. “Cò tha airson curran a
thoirt dha?”

“Tha mise!” arsa Dòmhnaill.

“Tha an t-each cho mòr. Feumaidh tu sreap
air a' bhogsa seo,” thuirt an tidsear.



Dh'fheuch Dòmhnaill ri sreap air a' bhogsa
ach thuit aon bhòtann dheth.
"Tha mo bhòtannan ro mhòr," thuirt Dòmhnaill.



"Bheir mise an curran dhan each," ars Anna.
Cha robh Dòmhnaill idir toilichte.



“Tugainnibh a-nis,” ars an tidsear.

“Thèid sinn a-null dhan phàirc.”




Nuar a ràinig iad a' phàirc
dh'fhosgail an tidsear an geata.

“O, seall an laogh,” ars Anna.

“Am faod mi dhol faisg air?”

“Faodaidh,” thuirt an tuathanach.

“Ach tha poll fliuch an sin.”




Dh'fheuch Anna ri coiseachd a-null
chun an laoigh ach bha tòrr puill ann.
“Haidh!” ars Anna.
“Cha ruig mi air an laogh.”

14



Thug an tuathanach sùil air na bòtannan
mòra aig Dòmhnaill.
“Tha na bòtannan agadsa mòr. Trobhad
còmhla rium agus chì thu an laogh,” thuirt e.

15



Choisich Dòmhnull tron pholl a-steach
dhan phàirc. Thàinig an laogh beag a-nall
gu Dòmhnull.

“Is toil leam mo bhòtannan mòra a-nis,” thuirt e.

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Hailey Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Lynne Burgess 1996

A' chìad foillseachadh 1996

99
10 9 8 7 6 5 4

A' Ghàidhlig Anna NicDòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2002 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acoir

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhde. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo a' ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acoir.

Data Catalogadh ann om Foillseachadh an Leabharlann Bhreatoinn
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Lynne Burgess a' dileasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrochadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington

LAGE/ISBN 0 86152 660 0